



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

An Aithisg Oifigeil

- **Ciamar a gheibh mi a-mach dè a thathar ag ràdh ann am Pàrlamaid na h-Alba?**



An Aithisg Oifigeil

Is e an Aithisg Oifigeil an clàr sgrìobhte de gach rud a thèid a ràdh aig coinneamhan poblach aig Pàrlamaid na h-Alba agus a cuid chomataidhean.

Dè tha san Aithisg Oifigeil?

Dh'fhaodadh tu a ràdh gum bi an Aithisg Oifigeil a' clàradh an nì air do ghabh Charles Dickens, a bha na fhear-aithisg pàrlamaideach e fhèin, "ceòl na pìoba Pàrlamaidich". Is e clàr sgrìobhte de gach rud a thèid a ràdh aig coinneamhan aig Pàrlamaid na h-Alba agus a cuid chomataidhean a th' ann. Tha i a' gabhail a-steach deasbadaid, aithrisean, ceistean, bhòtaichean agus fianais a chaidh a thoirt do chomataidhean. Tha aithisg nam freagairtean sgrìobhte, far am faighear freagairt air ceistean a thog BPA bho Riaghaltas na h-Alba agus Buidheann Chorpóra Pàrlamaid na h-Alba, na chuid den Aithisg Oifigeil cuideachd.

Tha a' chuid as motha de na h-òraidean ann am Pàrlamaid na h-Alba anns a' Bheurla agus mar sin tha an Aithisg Oifigeil anns a' Bheurla. Is ann anns a' Ghàidhlig fhèin a thathar a' toirt cunntais air òraidean ann an Gàidhlig agus bidh iad a' nochdadh còmhla ris a' mhìneachadh sa Bheurla. Far an tug daoine fianais seachad ann an cànaichean eile, nam measg Fraingis, Gearmailtis, Catalànais, Seicis, Punjabi agus Cànan Chomharraidhean Bhreatainn, is e am mìneachadh Beurla air a bheil a' toirt cunntais. Tha earrannan air nochdadh cuideachd ann an Scots, Eadailtis, Duidsis, Basgais, Rùisis agus Laideann.

Carson a tha Aithisg Oifigeil ann?

- Tha an Aithisg Oifigeil a' cur taice ris na prionnsabalan air an deach a' Phàrlamaid a stèidheachadh le bhith ga dhèanamh comasach don a h-uile duine na chaidh a ràdh sa Phàrlamaid a leughadh agus a' cuideachadh nam Ball ann a bhith a' cumail Riaghaltas na h-Alba cunntachail.
- Nuair a thathar a' sgrùdadh bhilean no nuair a bhios rannsachaidhean gan dèanamh, feumaidh comataidhean a bhith comasach air ath-bhreithneachadh a dhèanamh air na thuirt ministearan no daoine eile a fhuair cuireadh fianais a thoirt seachad.
- Fo bhreith laghail Pepper an aghaidh Hart ann an 1993, faodar aimhreit mu bhrìgh reachdais fhuasgladh le bhith a' leughadh na thuirt ministearan mun cuid rùintean.
- Thairis air na bliadhnaichean, thig deasachaidhean den Aithisg Oifigeil còmhla mar chlàr luachmhor a thaobh eachdraidh, a' gabhail a-steach farsaingeachd de chuspairean air an d' rinn na Buill deasbad, agus mar chlàr cuideachd air atharrachaidhean ann an beachdan san dùthaich againn. Faodaidh duine sam bith sealltainn air a' chlàr.

Cò a chuireas an Aithisg Oifigeil ri chèile?

Tha sgioba na h-Aithisge Oifigeil, fo cheannas an deasaiche agus an fho-dheasaiche, air a dhèanamh suas de luchd-aithris, fo-dheasaichean agus luchd-taice deasachaidh. Tha iad uile air am fastadh aig a' Phàrlamaid.

Is iad an luchd-aithris na buill as fhollaisiche den sgioba. Anns an t-seòmar, tha iad ann am fear de na bothain air taobh clì an Oifigeir-riaghlaidh; ann an seòmraichean nan comataidhean, tha iad aig a' bhòrd eadar na BPA agus na clàrcan.

Ciamar a thathar a' cur na h-Aithisge Oifigeil ri chèile?

Ag aithris air gnothaichean na Pàrlamaid

Feumar an aithisg air coinneamh aig a' Phàrlamaid a chur ri chèile gu luath gus am bi i deiseil gu foillseachadh air an aon oidhche. Gus an obair seo a sgioblachadh, bidh luchd-aithris ag obair mu seach, a' dèanamh còig no deich mionaidean an urra. Is e seo as coireach gum bi an fheadhainn anns na bothain ag atharrachadh gun sgar, le aon neach a' falbh agus neach ùr a' nochdadh.

Fhad is a thathar anns a' bhothan, bidh an luchd-aithris a' leantainn an deasbaid gu math dlùth. Bidh iad a' cumail sùil a-mach airson sheallaidhean no gluasadan a leigeas fhaicinn gu bheil labhraiche a' toirt tarraing air neach no air pàrtaidh àraidh; bidh iad ri cluas-ri-èisteachd ach an tog iad beachdan nach tog am miocrofòn; agus bidh iad a' toirt notaichean do BhPA gus an cuid rùintean a dhearbhadh, gus tùsan iomraidhean a dhearbhadh agus gus a dhèanamh cinnteach gu bheil air ainm sam bith air a bheil iomradh air a litreachadh gu ceart.

Bidh an luchd-aithris a' dol air ais don deasg aca far am bi iad a' taipadh agus a' deasachadh na h-obrach aca. Tha aca ri chrìochnachadh gu luath mus tig an ùine aca fhèin air ais a-rithist.

Ag aithris air obair comataidhean

Mar as trice, cha bhi na h-aithisgean air coinneamhan nan comataidhean gan sgrìobhadh fhad is a bhios na coinneamhan fhèin fhathast a' dol air adhart. Is dòcha gum biodh grunnan choinneamhan a' dol air adhart aig an aon àm, mar sin chan fhaod luchd-aithris a bhith ag obair ùine mu seach gu math tric. An àite seo, bidh duine no dithis den luchd-aithris a' cumail clàr gu math mionaideach de na chaidh a ràdh, a thèid a chleachdadh a-rithist le luchd-aithris eile nuair a bhios an aithisg ga sgrìobhadh aca. Cha bhi an luchd-aithris sin air a' choinneamh shlàn a chluinntinn, is mar sin feumaidh an clàr na labhraichean air fad a



chomharrachadh, cainnt theicneòlach sam bith a shoilleireachadh agus gach iomradh a mhìneachadh. Gus an t-eisimpleir as sìmplidh a tha ann a thoirt, gach uair a chanas labhraiche “thu/sibh”, feumaidh an clàr a chomharrachadh cò “thu/sibh” air a bheil a-mach.

Teicneòlas

Ged a bha comas-sgrìobhadh luath na sgil riatanach do luchd-aithris pàrlamaideach riamh, bidh an Aithisg Oifigeil a' cur feum air clàradh-èisteachd digiteach agus air siostam cluich-air-ais a leigeas le luchd-aithris suidhe air beulaibh coimpiutair agus èisteachd ri pàirt sam bith de dheasbad sam bith – is dòcha dìreach ùine gu math goirid an dèidh dha bhith ann – fhad 's a tha iad a' taipadh agus a' deasachadh na h-obrach aca.

A' cur na h-aithisge ri chèile

Bidh na fo-dheasaichean a' cruinneachadh obair an luchd-aithris agus a' cur leth-uair a thìde de theacs ann an aon chnap còmhla. Bidh iad a' leughadh gach uile facail gus am bi an obair cruinn, seasmhach agus leantainneach. An uair sin bithear a' cur nan earrannan còmhla gus aithisg shlàn a dhèanamh dhiubh.

Uair a thìde gu leth an dèidh dha/dhì suidhe àn dèidh dha/dhì òraid a thoirt seachad anns an t-seòmar, faodaidh BPA sealltainn an deach cunntas ceart a thoirt air no oirre san aithisg. Ma tha ceist aig a' BhPA, is iad na fo-dheasaichean a bheir freagairt seachad agus a nì na co-dhùnidhean a thaobh deasachaidh.

Tha an sgioba-taic deasachaidh a' toirt seachad taic rianachd agus ag obair le an co-obraichean air feadh na Pàrlamaid, clàrcan agus luchd-rannsachaidh nam measg, gus a dhèanamh cinnteach gum bi na sgrìobhainnean air fad a tha dhith aig luchd-aithris agus na fo-dheasaichean gus cunntas cruinn a thoirt air coinneamhan. An dèidh do dhuine bhon phobal fianais a thoirt seachad, bidh an sgioba a' cur thuca lethbhreac den Aithisg Oifigeil agus a' toirt cuireadh dhaibh sealltainn an deach cunntas ceart a thoirt air an fhianais aca.

A bheil an Aithisg Oifigeil na cunntas facal air an fhacal?

Chan eil buileach. Nuair a labhras sinn, bidh sinn a' cur feum air gluasad a bharrachd air a' ghuth ach an cuir sinn ri brìgh ar faclan ach cha ghabh seo riochdachadh air pàipear. Bidh fiù 's an luchd-labhairt as fheàrr a tha ann a' dèanamh mhearachdan bho àm gu àm. Is dòcha gun tig stad oirnn no gun can sinn an aon rud a-rithist. Is dòcha gun cuir beachd a chaidh èigheachd a-mach stad oirnn agus gun tòisich sinn oirnn a-rithist gun chinnt càite an do chrìochnaich sinn. Is dòcha gum biomaid letheach slighe tro sheantans ach gun tòisicheamaid air fear ùr ma thig beachd ùr thugainn a-mach às an adhar.

Tha seo gasta ann an labhairt ach ma thèid a sgrìobhadh sìos gu mionaideach facal air an fhacal, is dòcha nach toir e leis na thuig an luchd-èisteachd aig an àm. Mar sin, uaireannan thèid na chaidh a ràdh a

dheasachadh gus am bi na faclan cho siùbhlach agus cho soilleir don luchd-leughaidh agus a bha iad don luchd-èisteachd.

Mar a tha aithisgean car coltach rithe ann am mòran Phàrlamaidean eile, tha an Aithisg Oifigeil “cha mhòr facal air an fhacal”.

Goirid an dèidh don chiad choinneamh aig a' Phàrlamaid a bhith ann air ais ann an 1999, mhìnich an t-Oifigear-riaghlaidh, gum biodh aithisg a tha cha mhòr facal air an fhacal, a' fàgail às “ath-aithrisean agus faclan gun bhrìgh” agus “gum bu chòir do mhearachdan follaiseach a bhith air an ceartachadh cho fad agus a thathar a' cumail brìgh agus blas na h-òraid.”

Dè an eachdraidh a tha aig an Aithisg Oifigeil?

Chaidh a' chiad Aithisg Oifigeil de choinneimh aig Pàrlamaid na h-Alba fhoillseachadh air a' mhadainn an dèidh don chiad choinneamh den a' Phàrlamaid a bhith ann air 12 Cèitean 1999. Tha an Aithisg Oifigeil a' dol air ais linn no dhà ge-tà – ged nach eil buileach cho fada ri 1707 agus seann Phàrlamaid na h-Alba. Chaidh geàrr-chunntas a thoirt air gnothaichean san t-seann Phàrlamaid, a' gabhail a-steach nan deasbadan beothail mu obair Darien agus mun aonadh le Sasainn a bha air faire aig an àm, seach cunntas slàn. Chan eil clàr oifigeil sam bith de bhriathran ainmeil Iarla Seafìeld nuair a thug e air dùnadh na seann Phàrlamaid ann an Alba mar “dheireadh air seann òran”.

B' ann an am Westminster ann an 1803, an dèidh nan linn-tean san do dh'fheuch Taigh nan Cumantan ri a chuid gnothaichean a chumail dìomhair, gun d'rinn fear William Corbett a' chiad oidhirp cheart gus deasbadan sa phàrlamaid a chlàradh. Bha iarrtas mòr air clàradh na b'fheàrr – gach cuid am measg an t-sluaigh, a bha den bheachd gun robh e mar chòir dhaibh fios a bhith aca, agus am measg an luchd-poilitigs fhèin, a bha den bheachd nach d'rinn cunntasan cearbach sna pàipearan-naidheachd feum sam bith don Phàrlamaid.

Beagan bhliadhnaichean an dèidh sin, reic Cobbett an gnìomhachas aige ri Thomas Curson Hansard, mac chlàr-bhualadair an Riaghaltais, Luke Hansard. Chùm muinntir Hansard an gnìomhachas fad aon linne cha mhòr agus chaidh foillseachadh clò nan deasbadan sa phàrlamaid ainmeachadh air Hansard.

Aig toiseach an 20mh linn, chaidh comataidh thaghte de Thaigh nan Cumantan a chur air bhonn gus sgrùdadh a dhèanamh air dòighean a chuireadh ri gnè nan aithisgean. Dh'fhàg Aithisg Oifigeil Chanada – a lean Westminster, mar a leanas Aithisgean Oifigeil sa Cho-fhlaitheas an-diugh – buaidh shònraichte air a' chomataidh. Ann an 1909, mar thoradh air obair na comataidh, ghabh Hansard an riochd a tha air an-diugh mar aithisg shlàn, gun lethbhreith agus cha mhòr facal air an fhacal a bhios luchd-obrach air an taobh a-staigh a' cur ri chèile.

An dèidh fèin-riaghlaidh ann an 1999, stèidhich Pàrlamaid na h-Alba agus na seanaidhean ùra anns a' Chuimrigh agus ann an Èirinn a Tuath an cuid Aithisgean Oifigeil fhèin. Ann an 2001, chuir Aithisgean Oifigeil nam Pàrlamaidean agus nan Seanaidhean uile ann am Breatainn agus ann an Èirinn, nam measg an fheadhainn ann an Jersey agus ann an Eilean Mhanainn, BIPRA – Comann Aithris Pàrlamaideach Breatainn-Èireann - am British-Irish Parliamentary Reporting Association – air stèidh. Tha e mar rùn aig BIPRA na h-inbhean as àirde a tha ann a thaobh aithisgean pàrlamaideach a chumail agus a bhith a' frithealadh air an luchd-reachdais cho math agus as urrainn.

Càite am faod mi an Aithisg Oifigeil a leughadh?

Faodaidh sibh an Aithisg Oifigeil a leughadh air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba aig:

www.parlamaid-alba.org

Faodaidh sibh an Aithisg Oifigeil a leughadh cuideachd ann an gin den 80 leabharlann com-pàirteachais air feadh na dùthcha. Gus faighinn a-mach càite bheil an leabharlann com-pàirteachais as fhaisge oirbh, cuiribh fios gu Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobail (faicibh air an taobh cheart)

Faodaidh sibh lethbhreacan den Aithisg Oifigeil a cheannach aig:



Bùth-leabhraichean Blackwells

53 An Drochaid mu Dheas
Dùn Èideann
EH1 1YS



Fòn 0131 622 8222

Cuine bhios an Aithisg Oifigeil deiseil?

Bidh cunntas coinneimh aig Pàrlamaid na h-Alba ri fhaotainn air pàipear agus air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba aig ochd uairean a' mhadainn na dèidh. Cha mhòr nach bi cunntas air coinneamh comataidh an-còmhnaidh ri fhaotainn ron ath choinneamh aig a' chomataidh sin – gu tric grunnan làithean ro làimh. An dèidh sin, bidh deasachadh tasgaidh de na h-aithisgean ga fhoillseachadh.



Ciamar as urrainn dhomh barrachd fhaighinn a-mach?

Gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun Aithisg Oifigeil, faodaidh sibh fios a chur thugainn aig:



Post-d: official.report@scottish.parliament.uk

Ma tha ceist sam bith agaibh mu Phàrlamaid na h-Alba agaibh, nach cuir sibh fios gu Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobail aig:



Seòladh Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobail

Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP



Fòn 0131 348 5395 (Gàidhlig)
0131 348 5000 (Beurla)

Tha sinn a' cur fàilte air an t-seirbheis Typetalk aig an RNID cuideachd (0131 558 7676).



Facs 0131 348 5601



Post-d gaidhlig@scottish.parliament.uk



Làrach-lìn www.parlamaid-alba.org

Dè na sgrìobhainnean eile a tha rim faighinn?

Tha an *Aithisg Oifigeil* an sreath sgrìobhainnean a tha riatanach gus a dhèanamh cinnteach gun tèid obair ana Pàrlamaid a dhèanamh gu siùbhach agus gu fosgailte.

- Bidh an Iris Ghnothaichean a' cumail fios ri BPA agus ris a' phobal mu na tha dol a thachairt anns a' Phàrlamaid. Tha i a' gabhail a-steach clàr a' ghnothaich, clàran-obrach do choinneamhan chomataidhean, ceistean sgrìobhte, gluasadan agus cùisean eile a tha rin cur an cèill do BhPA.
- Is e Geàrr-chunntas Ghnothaichean an clàr foirmeil de na thachair aig gach coinneamh aig a' Phàrlamaid. Tha e a' toirt seachad gach mìr de ghnòthach a chaidh a ghabhail agus na toraidhean air co-dhùnadh no bhòt sam bith.
- Tha brathan ullachaidh agus bileagan fiosrachaidh gan cur ri chèile aig Ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba.
- Tha a' bhileag seo mar phàirt den t-sreath *Mar a tha Pàrlamaid na h-Alba ag obair*. Nach cuir sibh fios gu Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobail ma tha sibh ag iarraidh na bileige seo ann an cruth no cànain eile.